

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Bliadhna nan Luch

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclean@bbc.co.uk. This is Litir 878. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 574 corresponds to Litir 878.

Bha mi ag innse dhuibh mu Bhliadhna nan Caorach. Ach cuin a bha Bliadhna nan Luch? Cha chuala sibh riamh oirre? Uill, gu o chionn ghoirid, cha chuala no mise.

B' e Bliadhna nan Luch – *the year of the mice* – ochd ceud deug is còig-deug (1815). Ach cha robh i aithnichte mar sin ann an Alba. Bha, ge-ta, ann an Alba Nuaidh ann an Canada. Anns a' bhliadhna sin, nochd an t-uabhas de luchan. Bha iad nam plàigh. An toiseach, anns a' Mhàrt, nochd seòrsa a bha mòr agus car tapaidh, le earball geàrr. Cha robh fios aig duine cò as a thàinig iad no carson a bha iad cho pailt.

An toiseach bha iad cho lionmhor 's gun robh iad a' cruadhachadh an t-sneachda len casan. Agus cho luath 's a bha a' chruithneachd air fàs suas, agus ceann math oirre, fhuair na tuathanaich a-mach gun robh na luchan air sgrios a dhèanamh air na freumhaichean. Ach gu h-annasach, nochd seòrsa eile de luch, a bha na bu lugha na 'n tè mhòr, agus thòisich an dà sheòrsa air sabaid le chèile, agus lughdaich sin na h-àireamhan de na dhà.

Chaidh dàn a sgrìobhadh ann an Gàidhlig mu dheidhinn Bliadhna nan Luch, oir tuigidh sibh gun tug na creutairean beaga sin droch bhuidhe air na daoine. Seo mar a tha e a' tòiseachadh:

*Is iomadh creachadair an taobh-s'
Am measg na tuathadh:
Mathain, marsantan is maoir,
A' sìor thoirt uatha:
Tha luchaidhean ann cho lionmhor
'S nach fhàg iad sìol air bàrr sguaipe;
Is am beagan a thèid fo dhìon dheth
Is bochd a bhrìgh 'n àm a' bhualaidh.*

Chan eil fios le cinnt cò am bàrd a sgrìobh an dàn ach nochd e fon ainm pinn 'I.P.' anns an iris 'An Cuairtear Òg Gàidhealach' anns a' Mhàrt ann am Bliadhna nan Luch. 'S dòcha gur e fear a bh' ann – Iain 'Piobaire' MacGhilleBhrath.

Tha am bàrd a' leantainn leis a' chàineadh. Anns an ath earrainn, tha e a' guidhe bàs air na luchan agus tha e ag ainmeachadh Àirc Nòa:

*Mallachd bhuan o shluagh gach dùthcha
Lughdachadh cunntais an t-seòrs' ud;
Neasgaidean, cait, clamhain, dùldachd,
Bàs is fanntachadh 's gach dòigh dhuibh;
Is leibh gamhlas uile shliochd Adhaimh
'S chan eil bàigh aig neach a tha beò ribh,
Is duilich leam nach deach ur bàthadh*

Mun d' fhuair sibh san Àirc aig Nòa.

Tha sin car cruaidh air na creutairean beaga, nach eil? Chan eil bàigh aig duine beò riutha. Agus – is duilich leam nach deach ur bàthadh mun d' fhuair sibh san Àirc aig Nòa. Tha an t-ùghdar ag ràdh gum b' fheàrr leis gun robh na luchan air am bàthadh leis an tuil mhòir mus d' fhuair iad cothrom a bhith air an sàbhaladh le Nòa.

Chan eil fhios a'm cia mheud duine a tha a' cuimhneachadh Bliadhna nan Luch an-diugh ach 's e Micheal Newton a thug a' chùis gu m' aire-sa. Tha cunntas aige mun dàn seo anns an leabhar aige a thàinig a-mach an-uiridh – 'Seanchaidh na Coille: *The Memory-Keeper of the Forest*'. 'S e a th' ann cruinneachadh de litreachas Chanada ann an Gàidhlig. Tha an leabhar tomadach agus làn neamhnaidean culturach. Agus tha e a' dearbhadh cho prìseil 's a tha dualchas Gàidhlig Chanada. Innsidh mi tuilleadh mun leabhar seo an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Bliadhna nan Luch: *The Year of the Mice*; lìonmhor: *plentiful*; mallachd: *a curse*; bàigh: *affection*; tuil: *flood*.

Abairtean na Litreach: gu o chionn ghoirid, cha chuala no mise: *until recently, neither had I [heard of it]*; ann an Alba Nuaidh: *in Nova Scotia*; bha iad nam plàigh: *they were a plague [and extremely annoying]*; seòrsa a bha mòr agus car tapaidh, le earball gearr: *a type that was big and somewhat robust, with a short tail*; a' cruadhachadh an t-sneachda len casan: *packing down the snow with their feet*; cho luath 's a bha a' chruithneachd air fàs suas: *as soon as the wheat had grown up*; gun robh na luchan air sgrios a dhèanamh air na freumhaichean: *that the mice had damaged the roots*; lughdaich sin na h-àireamhan de na dhà: *that lowered the numbers of both*; is iomadh creachadair an taobh-s': *there are many plunderers over here*; am measg na tuathadh: *among the farmers*; mathain, marsantan is maoir: *bears, merchants and bureaucrats*; a' sìor thoirt uatha: *constantly taking from them*; nach fhàg iad sìol air bàrr sguaibe: *that they don't leave seed on the top of the sheaves*; is bochd a bhrìgh 'n àm a' bhualaidh: *poor is its quality at threshing time*; a' leantainn leis a' chàineadh: *continuing with the criticism*; tha e a' guidhe bàs air na luchan: *he wishes death on the mice*; neasgaidean, cait, clamhain, dùldachd, bàs is fanntachadh 's gach dòigh dhuibh: *boils, cats, buzzards, winter cold, death and weakness in every way to them*; is leibh gamhlas uile shliochd Adhaimh: *you have the malice of all of Adam's offspring*; is duilich leam nach deach ur bàthadh: *I'm sorry you weren't drowned*; mun d' fhuair sibh san Àirc aig Nòa: *before you got into Noah's ark*; làn neamhnaidean culturach: *full of cultural gems [pearls]*.

Puing-chànain na Litreach: *Regular readers of the Litir will know the great respect I have for the scholarship of Michael Newton, and for the way that he defends the integrity of the Gaelic people and their heritage in all his publications. Seanchaidh na Coille: Memory Keeper of the Forest is another tremendous contribution to the understanding of the Gaelic identity and to the revealing of the rich heritage of the Gaels, this time in Canada. It is published by Cape Breton University Press and is available through Comhairle nan Leabhraichean at £19.99.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: am beagan a thèid fo dhìon dheth: *the little of it that will be protected.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA